

Video file: CharlieMacgillivray-Skye-20160620_ed

Transcribed by

Eleanor Wood

Participants

CM:

MF: Muriel Fisher

Transcription conventions

- If you cannot make out a word, mark it as [unintel].
- If you are not familiar with the word or expression the person is using, then mark it as [unknown].
- If a guess for suggested a word or spelling, use [unsure: ?]
- Word fragments end in a hyphen e.g. cuide- do-
- Dash (–) where the speaker breaks off mid-sentence.
- Reported speech is not marked.
- // two speakers at the same time
- [] non speech
- Timestamp at the start of each minute
- English words italicized
- Place names left unchanged (i.e. no Gaelic spelling if one does not already exist)
- Personal names represented with initials
- No new Gaelic spelling created if one does not already exist

Notes for CM

Notes for MF

Transcription:

{00:00:00}

MF: Uill, Charlie, em. Carson nach innis sibh dhomh beagan – Uill, cò às a tha sibh? Càite an do rugadh sibh, *etcetera*?

CM: Rugadh mi ann an [unsure: àite?] seo fhèin. Tha – Dìreach shuas anns an taigh a chì thu air do chùlaibh ann an sin.

MF: Oh ann e siud an t-seann taigh a th' agaibh.

CM: Sin agad an t-seann taigh a bh' agam. An taigh siud, tha an ginealach agam a' dol air ais ann gu seachd ceud deug is trì fichead. Agus rugadh mise ann ann an naoi ceud deug ceithir fichead 's a ceithir.

MF: Oh!

CM: Tha tòrr – tòrr dhen ghinealach agam anns a' bhaile seo. 'S e – 'S e chloinn Mhic 'Ille Bhràigh a' mhòr chuid a bh' anns a' bhaile seo o chionn fhada. Thàinig sinn anns – Uill, tha sinn an toiseach às, tha iad ag ràdh, às Èirinn, mu mhìle bliadhna air ais is chaidh iad a dh'ìle.

MF: Oh.

CM: Agus 's iad na luchd-lagha a bh' aig na Dòmhnallaich ann an Ìle.

MF: Uh-huh.

CM: Agus às {00:01:00} Ìle, chaidh sinn an uair sin a Mhuile. Agus às Muile, thàinig sinn air aig gu Àrd nam Murchan a-null ann an sin. Agus sgap iad à sin. Chaidh a' mhòr chuid dhiubh suas gu àite taobh a-muigh Inbhir Nis, em, sin a chan Druim na Glas. Agus thàinig buidhinn eile thàinig ann an seo diubh, agus tha dà – dà – dà, car, sloinneadh air Mac 'Ille Bràigh. Air an taobh thall, 's e Mac 'Ille Bràth a chanas iad rinn, agus a-bhos anns an eilean a tha seo, 's e Mac 'Ille Bràigh a th' orra. Nise, an t-adhbhar gur bheil sinn a' dèanamh [unsure: leth?] a

bh' an, em, Mac 'Ille Bhàth thall an sin, 's e luchd-lagh a bh' annta. An taigh bràth a dha na Dòmhnallaich.

MF: Oh, *right*.

CM: Agus dh'fhalbh a' mhòr chuid agus tha teans gun deachar sgaradh a dhèanamh thall an siud agus chuir iad an fheadhainn nach robh glè ghlic a-nall {00:02:00} an seo airson

MF: [laughs]

CM: 'S e Mac 'Ille Bràigh a bh' annainne airson 's e *lookouts* a bh' annainne air na creig airson cunnart dha na Dòmhnallaich. Bha iad a' faicinn cunnart – Bha iad lasadh teine air mullach na creig agus –

MF: Seadh.

CM: 'S e Mac 'Ille Bhràigh a fhuair sinne. Ach, em, ri linn m' athair ann an seo bha ochd teaghlaidhean deug anns a' bhaile de Mac 'Ille Bhràigh. [pause] Ann an seo.

MF: 'S e baile beag a tha sin leotha fhèin.

CM: 'S e. Uill, chan eil fhios agam – Tha sinn a' dèanamh dheth gun deach an – 's e tuathanach a bh' anns an àite, an tach a bha siud. Agus an taigh a tha shìos aig bonn an rathaid a tha siud, 's e – sin agad Taigh an Tuathanaich. Agus tha sinn a' dèanamh dheth greis [unintel.] Clann Mhic 'Ille Bhràigh a' tighinn a-nall a seo gun deach na croitean a dhèanamh air an tuathanach. Gur {00:03:00} dòcha gun tug iad dhaibh an talamh.

MF: Mm-hmm.

CM: Airson cha shaoileadh gum biodh *battle* no [unintel.] de sin ann an sin. Bha na Dòmhnallaich fada ro làidir dha /Clann 'Ic 'Ille Bhràigh./ airson *battle* a bhith ann.

MF: /Airson/ Seadh, seadh

CM: Agus bhon a 's e luchd-lagha a bh' annta dha na Dòmhnallaich, 's dòcha gun deach rudeigin a chaidh dhèanamh dhaibh airson – airson a' cumail an seo. Agus – Ach an-diugh, chan eil – uill, tha barrachd ann na clann 'Ic 'Ille Bhràigh na bh' ann. Nuair a thàinig mise dhachaigh an seo, cha robh ann ach dithis teaghlaidhean. Ach tha mi fhèin is na gillean agam a-nis is tha –

MF: So a bheil e – So tha [name] a' fuireach ann an seo, so a bheil an gille eile cuideachd?

CM: Tha am fear eile shuas anns an seann taigh. Ann an sin.

MF: Oh. Is a bheil esan pòsta?

CM: Tha esan pòsta is tha clann aige. Dà bhalach aige. *Twins*. Is tha [unintel.] dìreach shìos air an aon croit rium fhèin.

MF: Och, tha sin snog!

CM: Tha tha.

MF: Tha seo rud fortanach a {00:04:00} tha sin, tha mise a' smaoineachadh, rud nach eil – far a bheil mise a' fuireach, chan eil sin a' tachairt. Tha daoine dìreach sgapte. Teaghlaidhean sgapte.

CM: Oh, tha, uill, 's e dìreach thachair e. Cha deach obair sam bith a dhèanamh airson gan toirt an seo no gum faireachadh iad ach dìreach, thachair e mar siud. Ach bha an gille – Bha [name], bha e thall an Canada airson deich bliadhna. Phòs e a-nall an sin a thill e air ais. So tha sin agad – Tha sin a-nis trì-deug no ceithir-deug agad. Bidh sinn an-còmhnaidh a' cumail a-mach tha – gum feumaidh duine no dithis eile gun tòisicheamaid a-rithist [unintel.] anns an àite ann an seo. [laughs.]

MF: [laughs] Sin agad dà fhacail nach – ged a bhiodh e a' dol air adhart, cha chluinneadh tu na faclan sin nuair a bha mise na b' òige. Ach an-diugh 's e dìreach – uill tha sin an rud a bha iad a' dèanamh dha na daoine againn, nach e?

CM: 'S e, [unintel.] fheadhainn a' chroit, 's e {00:05:00}

MF: Ach cha robh – cha robh na faclan cho *handy* aca.

CM: Cha robh. Cha robh. Uill, cha robh iad a' tuigsinn. Cha robh ciall aca dha daoine an uair sin. [unintel.] Ach cuideachd, mo mhàthair, tha mi – thèid ise air ais gu seachd ceud deug anns a' bhaile seo. Trì ceud bliadhna.

MF: Seachd ceud deug? *Okay*. Agus ciamar a tha leithid de dh'fhios agadsa mu dheidhinn seo?

CM: Uill, rinn, le cuideachd le m' athair, mo mhàthair agus daoine a bha càirdeach dhuinne ann an Àrd, rinn i ceistneachd dhaibh-san. Mar seann chailleachan shìos am [unintel.] siud. Bha iad uabhasach math air sloinneadh. Agus rach dhaibh-san air ais. Ach a' mhòr chuid dheth, 's ann le leabhar a chaidh a dhèanamh le Ameireaganach. Bha e fhèin agus a bhean a bhos an seo am bliadhna, oh, [unintel.] bliadhna air ais. Ach 's {00:06:00} ann às shuas anns an Teanga a bha cuideachd a bhean aige is chaidh iad a [unknown] a-mach à sin agus chaidh

iad a-null a dh'Ameireaga. Agus bha iad a-bhos an seo air làithean saora trup agus ghabh i nòisean tòiseachadh air rannsachadh air an ginealach aice agus dh'fhuirich iad ann an seo. Làithean co-dhiù. Bha iad a' dol timcheall na bailtean agus a' ceisneachadh dhaoine. Dh'fhalbh iad an uair sin a Dhùn Èideann is bha iad shìos an sin ann an Oifisean na *Records*. Agus fhuair iad seachdain air ais an sin. Is thill iad an ath-bhliadhna is rinn iad caran an aon rud. Bha iad an uair sin air falbh bliadhna no dhà is thill iad a-rithist is thug iad bhileag seo dhomhsa. [unintel.] Bha iad a' dol air ais ùineachan. Uill, thug mise dhachaigh sin is bha mi – uill, a' tighinn air ais dha mo sheanair. Ach thug mi dha na bodaich is na cailleachan e agus bha iadsan a' dol air ais nas fhaide na sin. {00:07:00} Thàinig e an uair sin trup eile agus bha leabhar aige. *MacGillivrays of Skye* a th' air an leabhar. Agus tha a h-uile duine anns – a-bhos an Eilean Sgitheanach aige le Clann Mic Gille Bhràigh agus fheadhainn a chaidh a-null a Chanada is Ameireaga. Tha iad sin ann cuideachd. So mar sin tha – thig mi air ais dhan leabhar seo gu seachd ceud deug a-nis.

MF: Tha sin gu math inntinneach.

CM: Tha, tha.

MF: Fios a bhith agaibh air sin. Agus, em, - 's ann an uair sin, em, - Ciamar a chaidh cùisean? An robh – Cia mheud a bh' anns an teaghlach agad? Is an robh agaibh ri dhol a dh'obair is an deach sibh air sgoil is dè seòrsa obair? Ciamar a thòisich sibh a dh'obair?

CM: Bha sinne san – uill, nuair a bha mise òg, chaidh sinn dhan sgoil. Bha sgoil bheag againn shìos an seo. Em. Nuair a bha m' athair a' dol a sgoil {00:08:00} bha ceithir fichead is a seachd a' dol san sgoil.

MF: Ceithir fichead 's a seachd?

CM: Ceithir fichead 's a seachd san sgoil. Anns a' bhaile seo. Is nuair a dh'fhàg mise, aig dusan bliadhna, bha triùir air fhàgail.

MF: Triùir?

CM: Triùir a bha a' dol a sgoil an uair sin. Agus bliadhna às dèidh dhomhsa fàgail, dh'fhalbh balach eile a tha an Ath Leathan. Bha sgoil – an àrd-sgoil anns an Ath Leathan an uair sin. Is dhùin iad an sgoil seo ann an naoi ceud deug trì fichead 's a seachd-deug. So chan eil sgoil an seo a-nis. Uill, chan ann ach an aon sgoil anns a' [unintel.]. Tha a h-uile sgoil eile air a dhùnadh. Ach nuair a dh'fhàg sinn an sgoil, cha robh obair ann anns na làithean sin. Bha agad ri a' tighinn air a' bhaile mhòr, a Ghlaschu. Ach {00:09:00} bha ùidh agamsa air tilleadh. Bha mi an-còmhnaidh a' can [unintel., 4 secs.] anns a' bhaile mhòr, fhios agad, nam bithinn ann fada. Bithinn ann an *straightjacket* an ceann bliadhna. Ach bha mi ann ochd no naoi bliadhna eile. Is thachair mi ri a' bhean agam ann an Glaschu is bha mi a' can [unintel.] a' dol dhachaigh. Ach cha robh a' bhean agam, cha robh i ach, oh aig an àm cha bhiodh i ach naoi-deug no mar sin. Fichead. Is cha robh i fada ro [unintel.] Bith sin nach e [unsure: Lus?], àite bad a bha thuath, a thàinig i.

MF: Oh Lus, ri taobh Loch Laomainn, nach e?

CM: Sin e. Ach co-dhiù, chaidh sinn air làithean-saora is thug sinn a-nuas i. A-nuas an seo i. Bhon a sheann thaigh an uair sin [unintel.] {00:10:00} A' dol air ais, bha iarann air, *corrugated iron*, air a' mhullach.

MF: Oh, 's e, tha cuimhne agam. Chaidh e bho tugh a gu *corrugated iron* is an uair sin gu sglèat.

CM: Sin e. 'S e. Thug mi a-nuas i ann an sin agus bha sinn – bha sinn a' peantadh mullach an taighe. Bha i shuas ann an sin a' peantadh. Agus, oh bha e a' còrdadh glan rithe. Bha càr againn dìreach shìos air a' mhullach ann an sin agus 's ann anns a' chàr ann an sin às dèidh dhuinn a bhith ullamh dhen a' pheantadh an latha a *propose* mi ris a' bhean agam. Ann an sin. Bha i a' gàireachdainn agus thuit i *I noticed that you didn't propose to me until we'd finished the painting. You were making sure that I could paint before you proposed.* [laughs]

MF: [laughs] *She's good on the croft.* [laughs] An robh fainne agad?

CM: Cha robh an uair sin, *no*. Bha mi {00:11:00} – Bha teans gun robh mi *mean*. Cha robh fainne agam. Bha mi a' dèanamh cinnteach gun canadh i *yes* an toiseach. [laughs]

MF: [laughs] Uill, cha do chuir am peantadh dheth i. [laughs]

CM: Cha do chuir am peantadh dheth idir i. So mar a chanas iad *the rest is history*.

MF: [laughs] *Well, that's pretty unique*, chanainn.

CM: Bha. Ach chòrd am beatha rithe a-bhos an seo. Bha sinn pòsta dà fhichead 's a ceithir bliadhna.

MF: Dà fhichead 's a ceithir?

- CM: Bha, bha. Chòrd a h-uile latha rithe a-bhos an seo. Bhiodh i an-còmhnaidh – Bhithinn a' tarraing aiste. Tha ann an seo – sin agad an seathair a bh' aice-se agus bhithinn a' can an e sin nam faigheamaid *divorce* ann an seo, cà'l a rachadh tu a dh'fhuireach ann an Glaschu agus bhiodh ise ag ràdh, chan eil mi a' falbh gu àite sam bith. Dh'fheumadh tusa falbh a Glaschu. [laughs]
- MF: [laughs] 'S e *convert* a bh' innte.
- CM: 'S e, 's e. {00:12:00}
- MF: Agus – 'S ann an uair sin – So dè seòrsa obair a bha sibh a' dèanamh ann an Glaschu?
- CM: Uill, nuair a dh'fhàg sinn seo, fhuair mi obair ann an oifis luchd-lagha. Bha mi ann an sin, tha mi a' dèanamh dheth, dà bhliadhna. Ach bha mi an uair sin a' cantainn cha dèan mi airgead an seo, airson nuair a dh'fhàg mise sgoil is a tha mi air ais – nuair a bha mi ann an Glaschu, an tuarastal air an do thòisich mi – dà not is leth-cheud sgilean. Sin agad am pàigheadh a bh' againn. Agus chaidh e an uair sin suas gu trì not a [unintel.] Is dh'fhàg mi sin an uair sin is chaidh mi dhan a' *Cho-operative*. Agus chaidh am pàigheadh agam bho dà not gu ceithir not o chionn 's [unintel.]
- MF: Tha cuimhne agad fhathast?
- CM: Tha. Bha dùil {00:13:00} agam gum – bidh mi man [unintel.] an seo [unintel.] Ach bha mi a' cantainn rium fhèin, cha dèan mi cùis air a dhol dhachaigh leis a' phàigheadh a tha seo. Chaidh am pàigheadh suas. Bha mi trì bliadhna ann an sin co-dhiù. Chaidh am pàigheadh siud – Chaidh mi suas gu seachd notaichean. Ach thuir mi rium fhèin an uair sin, tha mi a' falbh dhachaigh. Ach thig – Anns na làithean sin tha – bha iad a' dèanamh airgead math air na busaichean. Dh'fhaodadh tu obrachadh seachd latha san seachdain ann an sin is dh'fhalbh mi is fhuair mi obair air na busaichean. Is bha mi ag obair an latha deth agam. Bha thu a' faighinn dà latha dheth. Bha mi ag obaireachadh an dà latha dheth, mar is trice. Bha mi ag obrachadh *overtime*. Agus – uill chaidh am pàigheadh agam suas bho seachd notaichean aig a' Cho-op gu còig not deug aig na busaichean.
- MF: Oh, {00:14:00} tha sin glè mhath.
- CM: [unintel.] fhaigh thu na fheàrr na sin. Bha mi ag obair na làithean dheth agam, is *overtime* is bhithinn a' toirt dhachaigh leth-cheud not san seachdain. Bha mi a' smaoinneachadh, oh tha seo cho math. Ach cha bu toil leam an obair idir. Bha an obair sin – droch obair a bh' ann an sin. 'S e *conductor* a bh' ann am an toiseach. Gràin mo bheatha agam air, ach fhuair mi an uair sin *job* nam *timekeeper* anns an oifis, a' cur a-mach na busaichean.
- MF: Oh seadh. An robh sin na b' fhèarr?
- CM: Bha, bha sin a' còrdadh nas fheàrr ach 's e obair cruaidh a bh' ann fhèin. Bha thu – Bha e gu math mionaideach. Feumaidh tu a bhith a' coimhead air an *clock* a h-uil dà mhionaid air bha siotaichean mòra agad. Bha thu – *drivers put out* is ri chèile is ga cuir an siud is an seo is
- MF: Oh so bha tha an-còmhnaidh, còmhnaidh dìreach air
- CM: Bha thu a-rithist is bha sinne a' cur a-mach *specials* airson bha an uair sin na [unsure: possible company name?] ag obair ann an Glaschu is *Singer* is na h-àiteachan is bhiodh 's dòcha air an oidhche is bhiodh còrr is, oh chan eil mi cinnteach, ceithir fichead bus a' dol a-mach airson na daoine sin a thoirt dhachaigh a diofar àitichean. {00:15:00}
- MF: Oh seadh.
- CM: An aon rud anns a' mhadainn. Bha agad ri sin a [unintel.]. Bha tòrr *overtime* so. Ach rinn mi sin airson trì bliadhna is chaidh mi –
- MF: Cha robh tìde agad an airgead a' chosg.
- CM: Oh cha robh. Cha robh mi ga chosg idir. Bha mi cho *mean* ri [unintel.]. An aon rud a bha gam chumail a' dol san obair, sin a' falbh dhan a' bhanca air Dihaoine. Is bha mi a' cur an t-airgead seo ann. Chanainn an toiseach, uill, cuiridh mi leth-cheud not ann. An uair sin an ath-sheachdain 's dòcha dà-fhichead not. Is bha mi an uair sin a' tòiseachadh air deich notaichean is ag obair suas air ais gu leth-cheud. Bha e dìreach inntinneach a bhith a' coimhead air. Bha mi a' cantainn rium fhèin, oh tha seo math. So rinn sin a' chùis co-dhiù. Phòs sinn is thàinig sinn dhachaigh is rinn sinn. Is fhuair mi obair an uair sin aig Mac a' Bhriuthainn a-bhos an sin.
- MF: Oh seadh
- CM: Is bha mi ann an sin ceithir bliadhna- Ceithir bliadhna deug air fhichead.
- MF: Ceithir {00:16:00} bliadhna deug air fhichead. So an robh thu dìreach ag obair air a' chidhe ann an seo? An cidhe seo fhèin?

CM: Yeah, a Armadail.

MF: Ma-tha, feumaidh gun do fhàs iad gu math eòlach ort. Bidh daoine – Bhiodh tu

CM: Oh bha, bha, bha

MF: [unintel.] Dh'fhaodadh tu do shùil a chumail air a' h-uile càil a bha a' dol.

CM: Aidh. Is bhithinn a-rithist – [unintel.] thall ann an Caol Àcainn nuair a bha aiseag ann an Caol Àcainn aca.

MF: Oh seadh

CM: Sin – bha mi a-null is a-nall an siud airson ceithir bliadhna deug cuideachd. Bha. Oh, bha an obair a' còrdadh rium, ach. Bhiodh daoine – tha, fhios agad, 's e obair – ann an Armadail agus Caol Àcainn agus 's dòcha [unintel.] air. Is chanadh iad *hello, Charlie*. Bhithinn caran mar, cò tha seo? Airson dh'aithnicheadh iad tusa airson bha thu nad dh'obair [unsure: *point?*] ann an siud ach bha mìltean a' dol seachad ort a h-uile latha.

MF: Tha mi a' tuigsinn.

CM: Cha robh thu clockadh [sic.] a h-uile duine. Ach 's e obair inntinneach a bh' ann is bha e a' còrdadh math rium. {00:17:00} Ach thàinig mi an uair sin dhachaigh. Ghabh mi *early retirement*. Chan eil mi ach – Bu toil leam croitearachd mus falbh na casan agam. Is rinn mi croitearachd bhon uair sin.

MF: So an robh – ach cha robh thu a' croitearachd nuair a bha thu ag obair air a' chidhe

CM: Oh bha, bha

MF: Oh an robh? An robh an-còmhnaidh rudeigin a' dol?

CM: Bha an-còmhnaidh. Bha mar – Bha beagan crodh agam ach 's e obair cruaidh agad ri feuchainn ri [unintel.]. Bhithinn a' tighinn dhachaigh bho m' obair aig seachd uairean deug is a' dol a-mach is a' dèanamh feur

MF: Oh /tha fios 'am/

CM: /Is bhiodh e leth uair an dèidh deich no aon uair deug/

MF: /Tha e soilleir cho fad/ an [unintel.] tha e cho fad an-dràsta. A-màireach an latha – an-diugh an latha?

CM: A-màireach.

MF: A-màireach an latha as fhaide den bliadhna?

CM: 'S e. Sìos le [unsure: *brùth?*] bhon uair sin, eh?

MF: [laughs]

CM: 'S e.

MF: A-màireach, tha an *birthday* agamsa.

CM: An e?

MF: 'S e.

CM: Oh uill.

MF: Bidh mi a' fàs nas òige a-màireach.

CM: Bidh thu a' fàs – Bidh thu a' gabhail drama a-màireach.

MF: Oh, chan eil fhios agam. Tha mi ag obair leis na daoine a tha seo. [laughs] {00:18:00} So tha cuimhne 'am cho – bha sinn – bha càr a' tighinn a-nuas air na *holidays* bho againne air a bhith ag obair anns an fheur is ag obair timcheall mòine is a' tarraing mòine is a' tarraing uisge. Is a' tarraing a h-uile càil. Sin an – bhithinn a' coimhead clann a' tighinn a-nuas a Glaschu gu, *you know, granny*, is stuth mar sin agus fhuair iad-san a' dol sìos chun a' chladach leis na bucaidean bheaga. Tha cuimhne 'am air na bucaidean bheaga a bha siud a bh' aca. Agus mise thall ann an siud is ràcadh. [laughs]

CM: 'S e obair – is toil leamsa – Bidh mi – Bha, 's dòcha gu bheil trì bliadhna no ceithir bliadhna a-nis bha seòrsa de spealadh ann an sin.

MF: Oh. Spealadh. Bha m' athair a' spealadh. Thòisich e nuair a *retire* esan. Tha mise a' smaoineachadh gun robh na fireannaich nas *tough* na fireannaich an latha an-diugh. Nuair a sheallas mise ris an duine agam fhèin, {00:19:00} *bless him and, you know, all that* ach bidh mise – bidh e a' gearain gu bheil e a' fàs seann, is tha e *sixty-three*

CM: Uh-huh

- MF: Agus bidh mise a' cantainn ris – *I know, he says, your father started crofting when he was sixty-five.* Agus bha e ag obair an sin airson còig bliadhna deug gun robh e ceithir fichead. Ach 's e obair chruaidh a bh' ann.
- CM: 'S e obair chruaidh a th' ann ach tha fhios agad, 's e obair uabhasach inntinneach a th' ann, agus tha – Bhithinn-sa an-còmhnaidh a' cantainn rium fhèin, dè mar a – dè dhèanainn mur am bithinn ris an obair chroitearachd seo? Bhithinn sa phub no àiteigin, 's dòcha. Bhithinn nam *alcoholic*.
- MF: [laughs] Tha e – Chan eil e rèidh agaibhse an seo. Bha an croit againne aig bonn, uill – A bheil thu eòlach air Gleann Dàil?
- CM: Beagan
- MF: Cha robh – Tha an abhainn [unsure: name?] a' ruith tron a' mheadhan, a tha [unsure: name?]. Agus an uair sin tha abhainn *Hamara River* a' tighinn a-nuas sìos chun an loch. {00:20:00} Agus bha an taigh againne faisg air a' mhuir. Bha trì taighean faisg air a' mhuir. Agus bha an croit againn rèidh, bha e *flat*.
- CM: *Right*
- MF: Nise, bha mi a' coimhead air an lot agaibhse ann an seo agus shìorraidh, chan eil e – Tha e làn cnocan.
- CM: Oh tha, tha. Oh chan eil – chan eil talamh uabhasach math agam. Tha croitean mòra againn a-bhos an seo. Uill, tha iad nas – tha mi cinnteach gu bheil iad cho mòr ri croit sam bith a b' àbhaist a bhith an seo, ach tha iad – tha iad cas, feadhainn dhiubh. Bhithinn-sa a' cantainn ris na balaich agam, bheir mi dhut am pìos talamh seo airson [unintel.] feumaidh sinn cas bheag is cas mhòr [unsure: a chur?] ann airson tha na [unintel.] [makes gesture with hand] No *helicopter* a bhith agam cuideachd. Ach – Is chan eil an domhainneachd talamh againn, gu h-àraidh a-bhos an seo. Tha e nas fheàrr shìos {00:21:00} am bonn an sin, ach – Fhios agad, sin agad – chan urrainn dhuinn – an t-sìde breagha a bh' againn o chionn mìos air ais - mòran dhe sin airson tiormaich i an talamh a-mach gun [unintel.] ort. Ach [pause] Is toil leam an seòrsa talamh a th' ann. Chan eil fhios 'am – uill, bu toil leam talamh *flat* airson tha talamh *flat* math airson a' fàs gnothaichean
- MF: Seadh. [pause] Ach tha – So, - 'S e speal a bh' aig m' athair gus an do – an d' fhuair e *Alan Scythe*.
- CM: Oh bha tè de sin agam cuideachd.
- MF: An robh?
- CM: Bha
- MF: Tha cuimhne 'am-sa nuair a fhuair e – feumaidh gur e obair uabhasach doirbh is cruaidh air na gàirdean a bh' ann an spealadh.
- CM: 'S e, 's e. Oh 's e. Ach, fhios agad, 's e obair math a th' ann. Tha e math airson *exercise* a thoirt dhut cuideachd.
- MF: Uill, bha. Cha robh mòran cuideachadh bho na daoine aig an àm sin.
- CM: Cha robh. Cha {00:22:00} robh. Uill, bhiodh m' athair fhèin, bhiodh e ag obair aig a' *Forestry* shuas. Bhiodh e a' falbh aig sia uairean sa mhadainn. Bhiodh e a' tighinn air ais dhachaigh aig sia uairean anns an oidhche. Dh'fhalbh e fhèin is bhiodh e a' dol a-mach a spealadh. Bha. Ach cha robh dòigh eile ann ach a' spealadh.
- MF: So bhiodh tu fhèin a' dol shìos chun a' chidhe ma-thà is a' dèanamh obair an aiseag is obair a' chidhe?
- CM: Aidh
- MF: Is an uair sin bha thu a' tilleadh dhachaigh
- CM: A' tilleadh dhachaigh is a' tòiseachadh a chroitearachd anns an t-samhradh an sin. Ach bha e – cha robh e math dhut airson bha thu ag ithe do dhinnear aig dìreach leth-uair an dèidh deich, aon uair deug anns an oidhche. Sin dona dhut.
- MF: Tha. Chan eil e math dhut a bhith ag ithe cus mun tèid thu dhan leabaidh.

CM: Chan eil. Chan eil. So rinn mi sin [unintel.] bhliadhnaichean ach, em [pause] Thàinig an uair na *tractors*. Tha sin nas fheàrr is tha – a’ dèanamh feur, bha thu beagan nas sgiobalta a’ dèanamh sin ach an uair sin thoirteadh iad an *silage*. {00:23:00}

MF: Cha robh mise a’ tuigsinn an *silage* a tha sin, *really*.

CM: Oh, tha e math.

MF: A bheil e a’ grodadh an fheur?

CM: Chan e *silage* a-nis a th’ ann. Tha mi a’ creidsinn ’s e *haylage* a bhios ann.

MF: *Haylage*? [laughs]

CM: Aidh, *haylage*. *Silage*, tha thu ga chur ann an toll mòr is ga rolaigeadh is gnothaichean mar sin, ach le seo tha iad – bhithinn-sa – Tha *tractor* agam, ach le sin fhèin, bhithinn a’ tòiseachadh aig deireadh a’ mhìos. Tòiseach an luchar ann an seo. Agus bhithinn a’ dol gu deireadh *October*. Bhithinn a’ gabhail a’ mhìos sin dheth is bhithinn a’ dol air ais a m’ obair is bhiodh feur a-muigh agam fhathast. Is bha mi a’ strì leis fad an t-samhraidh. Sin [pause] ceithir mìosan a bha thu ag obair air strì ri feur a dhèanamh beagan. {00:24:00} Is dhèanadh tu [unsure: copanan?] ann an sin is tha [pause] feur math is ’s dòcha seachdain às dèidh sin thigeadh gèile mhòr is uisge is leigeadh e a h-uile rud sìos.

MF: [laughs]

CM: [laughs]

MF: Tha cuimhne agamsa air sin cuideachd.

CM: Aidh. Ach, em, thàinig an uair sin *silage* is thig – thig fear a-staigh leis an *tractor* an sin an-diugh. Gearradh e a h-uile pìos a bh’ agam ri gearradh. Thig e madainn a-màireach is cuiridh e car dheth. Thig e a-staigh feasgar is bèiligidh e suas e is *wrapaidh* [sic.] e. Chuiridh ann an [unknown] is tha an [unintel.] dà latha.

MF: Sin agad e.

CM: Dà latha.

MF: Chan urrainn dhomhsa m’ inntinn fhaighinn timcheall air sin idir. Chan urrainn dhomh sin a thuigsinn.

CM: Tha e math dha a’ chrodh cuideachd. Tha iad [unintel.] *wrap polythene* no *wrap* – fhios agad. So tha e – tha sin ga dhìon. So chan eil thu anns a’ Gheamhradh ach a’ toirt fear dhiubh sin a-mach is {00:25:00} ga fhosgladh a-mach agus

MF: Sin agad e. Uill nuair a smaoinichas mise an obair tiormachaidh is a’ tionndadh is a [unknown] agus an uair sin na beart a’ coiseachd suas – sìos agus suas. Abair *stamina*.

CM: Oh bha, bha. Bha na seann daoine làidir. Bha *stamina* aca nach eil againne agus gu sònraichte an ginealach an sin a [unintel.] [unintel.] fad an t-siubhal is

MF: [laughs] tha sin ceart gu leòr. Uill ’s e – agus sin agad an dragh a-nis a th’ orra. Chan eil fios aca ciamar a [unsure: charas?] iad riut.

CM: Oh chan eil. Uill, chan eil iad a’ càradh mòran rudan an-diugh. Tha iad gan tilgeil air falbh is fhaighinn rudeigin ùr. Uill tha cuimhne ’am mo mhàthair ag innse do mo sheanmhair fhèin. Thug i, air an aonamh latha, ochd cliabh {00:26:00} dheugh de dh’fheamainn anns a’ chladach a-bhos an seo. [pause] Ochd-deug.

MF: Smaoinich.

CM: Agus bha brùth cas shìos an sin. Bha aice ri dìreadh a-mach a sin.

MF: Feumaidh gun robh casan làidir oirre.

CM: Oh bha. Bha i làidir i fhèin cuideachd airson a’ chliabh siud a thogail.

MF: Is clann aice is a h-uile càil.

CM: Oh bha, bha.

MF: Agus nan dìreach a’ cur an fheamainn air an talamh a bha sibh?

CM: ’S e. Uill, bha siud a rinn mo mhàthair-sa.

MF: Aidh.

CM: Ach bhiodh iad a’ cur an fheamainn sìos is bhiodh iad a’ cur feamainn sìos cuideachd airson buntàta. Airson nam buntàta.

MF: Bha sin am *fertiliser* a bh’ ann nuair a bha mise beag. Uill, gum bi – An e ubhal a bha iad a’ cur air?

CM: Bhiodh iad a’ cur ubhal air an talamh cuideachd airson [unintel.] aidh.

MF: Nuair a bha thu – thigeadh cuideigin às a’ bhaile aig a bheil tractar, agus rachamaid uile timcheall {00:27:00} a’ cur am buntàta. Rachamaid dhan taigh agaibh-se is dhan taigh aige-

san is dhan taigh eile agus biodh na boireannaich a' dèanamh biadh is bha [unsure: bùth?] a' bhuntàta air a ghearradh.

CM: Oh bha, bha.

MF: Agus bhiodh na buntàta deiseil aig m' athair ann am bucaidean agus an uair thigeadh Seonaidh Bàn leis an tractar agus bha cuideigin a' dol an toiseach, a' cur – uill a' cur an ubhal a bha seo. Chan eil fhios 'am-sa dè

CM: An e *fertiliser* a bhiodh ann?

MF: Chan eil fhios 'am-sa dè bh' ann. Ge bith dè a bh' ann, ach chan e feamainn a bh' ann.

CM: Chan e?

MF: 'S e *fertiliser* a bh' ann?

CM: *Fertiliser*. Bhiodh iad a' cur sin anns na [unsure: rathaidean?]

MF: Seadh

CM: Mus cuireadh iad na buntàta.

MF: Agus an uair sin, nuair a bhathar a' cur an [unknown], cuideachd, 's an aon *carry on* a bh' ann.

CM: 'S e

MF: Thigeadh an tractar agus bhiodh e a' cur – ach 's e sìol a bh' aige an uair sin.

CM: 'S e

MF: Agus dhèanadh iad 's dòcha trì no ceithir – nam biodh tu a' cur na buntàta latha, 's dòcha {00:28:00} gum biodh trì no ceithir taighean far an do chuir iad na buntàta agus rachamaid a-null gu taigh agaibh-se is an uair sin rachamaid timcheall fad an latha. Bha obair – Bha an coimhearsnachd nas dlùth

CM: Bha. Uill bhiodh m' athair – 's ann leis a' – Bhiodh e a' cur 's dòcha buntàta aon bhliadhna ann an àite is 's dòcha bliadhna – an ath-bhliadhna bhiodh e a' tionndadh air an talamh sin le [unknown.] agus a' cur an t-sìol ann. Agus bhiodh e [pause] Bha cliabh beag aige, agus bhiodh e a' slaodadh sin anns an fheadhainn fhèin. Ach robh each aige.

MF: 'S e sin – Cha robh – Uill cha robh each ach aig aon duine anns a' Ghleann againne.

CM: Uill bhiodh esan a' slaodadh sin

MF: Fhios agad, tha cuimhne agamsa air rudeigin mar sin cuideachd. An e rudeigin – Bha e *flat* mar siud le [unknown] a' tighinn às, nach e? Dè an t-ainm a bh' air an rud a tha sin?

CM: Cliabh

MF: Cliabh?

CM: Cliabh, aidh. {00:29:00}

MF: Ach dè an t-ainm air an rud a bhiod tu a' cur air do dhruim?

CM: Cliabh.

MF: Cliabh cuideachd?

CM: Cliabh

MF: Agus an rud a bhios tu a' cur na [unsure: cumaichean?]? /Cliabh?/

CM: /Cliabh/

MF: *Okay. Just checking.*

CM: Tha trì rudan an sin, cliabhan. Tha. So bha sin – bhiodh esan a' dèanamh is bhiodh iad a' cantainn, oh mharbhaidh tu fhèin. Ach uill. Tha thu a' coimhead coltach ri each a cheart-uair a bha thu ag obair coltach ri each.

MF: [laughs] So bidh thu – tha mi a' dèanamh dheth gun robh 's dòcha – chan eil fhios agamsa dè a' Ghàidhlig a th' air *sense of humour* ach tha mi a' dèanamh dheth, feumaidh gun robh *sense of humour* anns an taigh agadsa?

CM: Oh bha, bha. Bha a' bhean agam, bha i math air dibhearsan a dhèanamh anns an taigh. Bha *sarcasm*, bha i math air sin is bhiodh sinn an-còmhnaidh a' tarraing às a chèile is thigeadh i a-mach – bhiodh i a' suidh ann an sin agus thigeadh i a-mach le fear [unsure: mas?]. Gearradh i [unknown] mòr [unknown]. Chanadh i, feuch thusa ri fear nas fheàrr na siud a dhèanamh. {00:30:00}

MF: [laughs]

CM: Tha mi ag ionndrainn sin gu h-eagalach, fhios agad.

MF: Shìorraidh, bidh. Ciamar nach biodh?

CM: Oh aidh. Bha sin agad fad do bheatha, fhios agad, tha thu ga h-ionndrainn nuair a thig sin gu deireadh.

MF: Tha. Tha. 'S e rud doirbh a th' ann.

CM: Oh 's e.
MF: Chan urrainn dhomh smaoineachadh. Chan urrainn dhomh thuigsinn fhathast. Uill. Ach sin mar a tha a' tachairt.

CM: 'S e.
MF: Sin mar a tha tachairt. An robh taigh cèilidh ann an sin nuair a bha sibhse beag?
CM: Cha robh. Cha robh. Uill, bhiodh iad a' cèilidh air a' chèile. Cha robh taigh cèilidh ann.
MF: Bha? Oir, cha robh na againne ann an Gleann Dàil, ach bha ann an Caol Sgealpaidh anns na Hearadh. Nuair a rachamaid – Cha robh aiseag ann, *you know*, eadar Ùig, *you know* – Cha robh sin ann, ach bha – tha mi a' smaoineachadh gur e Loch Mòr a bh' ann.

CM: Oh bha.
MF: 'S dòcha, no
CM: A dh'fhalbh às Dùn Bheagan?
MF: Chan ann. {00:31:00} À Ùige.
CM: Oh, às Ùige?
MF: Tha mi a' smaoineachadh. Chan eil mi buileach cinnteach. Ùige no Port Rìgh. Bha mi ro bheag airson beachd a ghabhail de cò às a bha e a' fàgail.

CM: Aidh
MF: Ach bhìadhamaid a' dol a-null a' choimhead air na h-auntaidhs. Oir bha teaghlach mòr aig m' athair. Bha dusan peathraichean is bràithrean aige.

CM: An ann às na Hearadh a bha d' athair?
MF: 'S ann. 'S ann. 'S e Hearach a bh' ann à Caol Sgealpaidh. Agus – Ach chuir iad air falbh e nuair a bha e mu dhusan bliadhna. Chuir iad – Seo agad far a bheil mi tàmailteach nach do chum mi, em, nach robh barrachd ùidh agam anns na *yarns* aige. Nuair a rinn e an lethid de stuth. B' fheàrr leam-sa gun robh *recordings* mar sin agamsa dheth na stòraidhean aig m' athair. Oir chuir iad a-mach às an taigh e agus {00:32:00} thug iad dhà Bìobail agus paidhir bhrògan agus *address* aig tuathanas an taobh eile, faisg air *Wick*, no am badeigin, thall ann an sin. Agus cuideigin a dhèanadh [unintel.] am ministear. So chuireadh iad air bàta leis fhèin e anns an Tairbeairt gu Ullapool. Agus bha aige ri coiseachd thairis air Alba. Coiseachd dhan taobh eile. Nuair a bha e beag. Nuair a bha e mu dhusan bliadhna.

CM: Agus ciamar a rinn esan biadh is gnothaich?
MF: Chan eil fhios 'am. Sin agad na ceistean
CM: Cha dèanadh e sin ann an latha, co-dhiù.
MF: Oh shìorraidh, cha do rinn. Thug e treis is bha e ag innse, nuair a bha mise beag agus bhìadhamaid a' dol a chèilidh air daoine, *for our tea*, anns a' gheamhradh, a bheil cuimhne air, bha sin a' tachairt.

CM: Aidh
MF: Is rachadh tu a-null is bha *spread* mòr aca is bhiodh na fir ag òl – cha robh ann ach dà *couple* no rudeigin, is bhiodh na fir ag òl uisge-beatha is bhiodh na boireannaich ag òl teatha. Cha do thuig mi sin a-riamh, ach co-dhiù. {00:33:00} 'S e ministear a bha as coireach son sin. Agus an uair sin bha e ag innse – sin far an chluinntinn is bhithinn a' tuiteam nam chadail oir bha seo 's dòcha trì no ceithir mhìle [unintel.] taobh eile a' bhaile, no a-null ann am Borraraig air an taobh eile dhen a' mhonadh. Agus sin far an robh na stòraidhean sin. Agus b' fheàrr leamsa gun robh mi air èisteachd agus dìreach fios a bhith agam, ach co-dhiù. Cha leigeadh am boireannach – nuair a ruig e an tuathanas – cha leigeadh am boireannach leis cadail anns an taigh. Oir 's e Hearach – dè seòrsa duine a bh' ann? Agus bha aige ri cadail còmhla ris na beathaichean. Is tha cuimhne 'am air sin. Agus an uair sin às dèidh bliadhna no dhà, ruith e air falbh is chaidh e dhan a' *Merchant Navy*. Thuirt e gun robh e ceithir bliadhna deug – gun robh e sia bliadhna deug, ach cha robh e ach ceithir bliadhna deug. Agus bha e a' seòladh fad a bheatha.

CM: Oh seadh, seadh.
MF: Gun do dh'fhuirich e ann an *Venezuela* airson deich bliadhna.
CM: Oh, *right*. {00:34:00}
MF: So 's e – Smaoinich thusa air na stòraidhean a bh' aig duine mar sin.
CM: Bha [unintel.] aca. Bha e uabhasach anns na seann làithean
MF: Cha robh – Rugadh esan ann an *eighteen ninety* no rudeigin mar sin.
CM: Aidh. Tha sin agad nuair a rugadh m' athair. *Eighteen eighty-nine* nuair a rugadh m' athair.

MF: Seadh, rudeigin mar sin. So 's e beatha uile gu lèir – 'S e ìre eile a bh' ann. Ach, aig an aon àm, nuair a bha mise beag, cha robh dealain is cha robh uisge ruith anns na taighean, so, bha an dòigh beatha air a bhith an aon rud.

CM: Oh, bha, bha. /Oh tha cuimhne 'am siud ann an seo/
MF: /Cha robh siud air atharrachadh/
CM: Tha – Bha sinn a' tarraing an uisge a h-uile latha. Bha e san tobar.
MF: Ach cha robh mise ach nam aonar. Aon nighean.
CM: *Right*
MF: Bha ormsa a h-uile càil sin a dhèanamh. Bha sibhse –
CM: Bha bràthair agamsa ach [unintel.] ach, fhios agad, uill – Cha bhiodh iad a' tarraing uisge air Latha na Sàbaid. {00:35:00} /Bhiodh e a' tighinn a-staigh/ oidhche Shathairne.
MF: /Oh shìorraidh, cha bhiodh!/ *No, no.*
CM: Bha agad ri sin a ghlèidheadh cho math 's a b' urrainn dhut gu madainn Diluain.
MF: Uh-huh
CM: Agus bha e nas cruaidhe na sin air cuideachd m' athair is mo mhàthair, bhiodh iadsan [unintel.]. Bhiodh iad a' cur [unsure: an còire?] bhon cliabh cuideachd oidhche na Shathairne.
MF: Oh, chuala mise mu dheidhinn seo, ach 'bheil fhios agadsa, chan eil cuimhne agamsa, *tough* 's a bha – 's e mo mhàthair an tè *tough* 's a bha anns an taigh, agus chan eil cuimhne agam oirre a' dèanamh sin idir, ge-tà.
CM: Ach cha robh e – Chan eil fhios 'am gun robh a h-uile duine – ach bhiodh an fheadhainn a bha gu math *strict*, tha mi cinnteach
MF: Bhiodh iad ga dhèanamh! [laughs]
CM: Aidh.
MF: Ach bhiodh rùsg am buntàta
CM: Oh bha
MF: Oidhche Shathairne is a' glanadh na brògan
CM: Bha, bha.
MF: Agus an robh sibhse a' gabhail an Leabhar [note 1]?
CM: Chan eil cuimhne 'am a bhith a' gabhail an Leabhar idir. Chan eil cuimhne 'am air sin idir.
MF: Tha mise – Tha mi a' smaoinichadh gun robh m' athair a' toirt air mo mhàthair - {00:36:00} gun robh mo mhàthair a' toirt air m' athair an Leabhar a ghabhail.
CM: Oh, bha tòrr, tòrr de sin a' dol. Ach chan eil cuimhne agam air
MF: [unintel.] cuimhne agad air.
CM: Aidh.
MF: [laughs]
CM: Ach bha iad gu math fritheilteach leis an Eaglais.
MF: Oh bha
CM: Bha iad moch is anmoch agus an latha nach [unintel.] thu an t-searmoin, bha agad ri fuireach gu math [unintel.] agus nach cuireadh tu do sròn a-mach an doras gus an deach am ministear dhachaigh às dèidh an t-seirbhis.
MF: Tha mi a' tuigsinn, *exactly*.
CM: Mus [unintel.] e.
MF: Seadh. Nise, an e an Eaglais Shaor no *Free Presbyterian*?
CM: /An Eaglais Stèidhichte a bha sin/
MF: Oh, an Eaglais Stèidhichte?
CM: Mm-hmm
MF: Oh, uill
CM: Bha.
MF: Tha sin gu math aotrom.
CM: Oh bha, seach
MF: Seach an *Free Presbyterian* far an robh an eaglais – sin agad an eaglais a bh' againne
CM: An e *Free Presbyterians* a bh' ann?
MF: 'S e.
CM: Oh, ma-thà. Bha sin *strict*.
MF: Oh, bha e uabhasach. Bha e uabhasach. 'S e mo mhàthair a bha – Cha robh i {00:37:00} a' comanachadh. Cha robh an cùram aice, ach *really*, bha i a' cumail ris.

CM: Bha.

MF: Ach bha m' athair, bha e dìreach – *He just went along for the – gum bi, you know –* Rachadh esan dhan eaglais anns a' mhadainn *and that's it.*

CM: Aidh. Is tha mi cinnteach gun robh sibh dà uair a thìde san eaglais?

MF: Dà uair a thìde air na being, is iad cho – mar siud [makes gesture with hands, demonstrating how narrow] cho cruaidh. Na suiteas.

CM: Bha. Bha iad ag ithe na suiteas cuideachd?

MF: Bha. Na h-*Imperials.*

CM: *Mint Imperials?* Oh, bha. 'S e *Mint Imperials* airson cha bhiodh iad /a' toirt na pàipearan diubh/

MF: /Cha robh iad a' dèanamh -/ sin agad e.

CM: Cha bhiodh fuaim ann.

MF: Cha robh fuaim ann [laughs]. So an robh sibhse a' buain na mòine, cuideachd?

CM: Bha. Beagan dheth. Bha. Fhuair sinne beagan, ach bha am poll mòine againne, bha e a' dol gu mìle a-mach às a' mhonadh ann an sin. Ach tha cuimhne 'am

MF: Shuas ann an seo?

CM: Shuas an seo air cùl an [unintel.] shuas. [unintel.] Ri linn m' athair bhiodh {00:38:00} iad a' toirt am mòine dhachaigh leis an each. Le *sledge.*

MF: Oh seadh.

CM: Bha seòrsa de rathad – Rinn iad, uill, rinn iad [unintel.] ach tha mi cinnteach rathad agus nuair a phòs mise, ghabh mi nòisean trup, oh chreid mi nach tòisich mi air buain na mòine. Is chaidh mi suas, rùisg mi am poll is gheàrr mi a' mhòine is bha e ann an sin. Bha dùn math agam dheth. Agus bha e deiseil airson a thoirt dhachaigh [unintel.] dhachaigh bho m' obair agus [unintel.] math dhachaigh poca mòr de mhòine, fhios agad. Bheireadh e gu leòr dha each a' toirt is – co-dhiù, bha mi ga toirt dhachaigh ann an sin is a cur anns an t-seada is bha dùn math ann. Thigeadh mi dhachaigh an ath-oidhche is chanadh a' bhean agam rium, tha a' mhòine ullamh. {00:39:00} Fhios agad, cha robh innte ach mar gum biodh pàipear. Chan e mòine dhubh a bh' ann a bh' aig [unintel.] Bha i a' dol suas. Choisich sinn. Dh'fhalbh dusan fear eile ach an ceann – Thug mi dhachaigh na bha ann ach thuir mi rium fhèin [unintel.] chan eil mi a' dol a thill dhan obair seo tuilleadh! [laughs] Ach bhi sinne – Rinn sinn bliadhna no dhà e. Bhiodh ise a' dol còmhla rium is tha – bha [name] againn an uair sin, cha robh e ach na leanabh beag is bha e ann an cot againn agus bhiodh sinn ga thoirt leis suas còmhla rinn. Bhiodh sinne – [unintel.] 's dòcha gun robh e a' dèanamh beagan den [unintel.] chan eil fhios 'am, ach bhiodh [unintel.]. Bhiodh sinn a' toirt na pocannan a-nuas pìos [unsure: is a' dol?] air ais airson fear eile. Dè chanadh iad ris? A' tarraing a' chailleach, a chanadh iad ris. An obair sin.

MF: An e sin?

CM: Aidh. Tarraing a' chailleach. As bith dè an ciallachadh a tha sin.

MF: {00:40:00} Cha chuala mise sin a-riamh.

CM: 'S e, siud – Uill, chuala mi gum biodh a' toirt poca siud is a' dol air ais is a' toirt poca pìos eile –

MF: Ach tha cuimhne 'am air an seòrsa *carry on.* Tha mi a' smaoinichadh gum be sinn a' dèanamh rudeigin mar sin leis a' bhuntàta.

CM: Aidh

MF: Bha a h-uile duine – a h-uile rud is 's ann [unintel.] e

CM: Oh 's ann, 's ann. 'S e beatha cruaidh a bh' ann ach beatha math a bh' ann, ann an dòigh. Bha a h-uile duine air an aon ràmh.

MF: Bha. Tha sin ceart gu leòr. Bha. So tha mise a' smaoinichadh, 's ann airson sin a bhiodh sinn a' faighinn pìos mòine air mal bhon na [name] thall air na [unknown], eadar Dùn Bheagan agus Cille Bost ann an siud. Agus bha na – bha a' mhòine – bha na poll mhòine ri taobh an rathaid mhòir.

CM: Seadh

MF: Agus mar sin nach chaidh mi suas a' buain na mòine còmhla ri *squad*, bho sgioba, *you know*, bhiodh sibhse, is iadsan is a h-uile duine eile ann. Agus {00:41:00} bhuaicinn a' mhòine againne an-diugh, can, agus bheireadh tractar suas sinn ann an *trailer*, is biadh is a h-uile càil. 'S e latha – 'S e latha math a bh' ann.

CM: 'S e, 's e.

MF: Nuair a smaoinichas mise ma dheidhinn. Agus a bheil fhios agad, am *picnic* a bh' againne, 's e *gourmet picnic* a bh' ann. Cha robh – 's e – Cha robh *plastic* ann, so 's e cupannan *China* a bh' ann.

CM: 'S e

MF: Is truinnsaran. Is na forcaichean is sgianan, 's e *silver* a bh' anna.

CM: 'S e

MF: Is bha na sgonaichean air an dèanamh. Bha an ìm air a dhèanamh aig an taigh.

CM: Bha.

MF: Bha na h-uighean bho na circ. 'S e *gourmet picnic* – silidh. Gruth. [laughs]

CM: Oh, 's e latha math a bh' ann. Bha daoine a' coimhead air adhart ri sin cuideachd.

MF: Is bha e snog, is an smeòrach is cha robh – dh'fheumadh latha breagha a bhith ann. Agus an uair sin bheireadh an tractar air ais sinn, agus mar sin – bha sin a' ciallachadh gun robh a' mhòine faisg air an rathad mhòr. So an uair sin aig deireadh {00:42:00} an latha, nuair a bha thu deiseil airson a toirt dhachaigh, bhiodh tu – bha sinn a' dol suas bho an tractar [unintel.] a-nuas is a' cur na pocanan air an tractar, is an uair sin sin mar a bha e tachairt. Chan ann a' coiseachd suas mar a bha ar seanair. Ach bha each aig an nàbaidh againn is bha esan a' dèanamh sin fhathast. Bha e a' buain na mòine suas [unsure: an cùl?]. Agus a' mhòine air cùl an taighe.

CM: Uill, ri linn m' athair, fhios agad, ann an seo, is mo mhàthair, bha each aig a h-uile duine. Is bha na h-eich – bha iad gan cur am feum a bhiodh iadsan a' toirt dhachaigh a' mhòine. Bha dà chliabh orra, cliabh air gach taobh.

MF: Seadh

CM: Is bhiodh iad a' toirt dhachaigh a' mhòine mar sin. Ach cha chreid mi – chan eil fhios agam carson – ciamar a bha e. Bha *sledge* mhòr a bh' aig m' athair. Is bha seòrsa de rathad air a dhèanamh suas dhan a' pholl mhòine ann an [unsure: placename?]. 'S dòcha gun tarraing iad, the mi cinnteach, dhachaigh barrachd mòine na dà chliabh air an *sledge*, fhios agad. 'S dòcha gur e sin an t-adhbhar a bh' ann.

MF: Ach tha sin uile seachad a-nis.

CM: Oh, {00:43:00} tha sin seachad a-nis, aidh, aidh. Nam biodh i faisg air làimh, dhèanainn – chùmainn a' dol leatha ach [unintel.] 'S e obair gun ciall a bh' ann.

MF: Agus tha mise a' smaoinichadh gu bheil an t-side air atharrachadh.

CM: Oh tha.

MF: Cha robh – Tha mi air a bhith tighinn dhachaigh a-nis dhan t-Sabhal Mhòr – Tha mi a' smaoinichadh gur e seo an t-seachdamh bliadhna deug bhon a thòisich mi a' tighinn.

CM: Aidh

MF: Thàinig mi dhachaigh aon bhliadhna is dh'iarr mi airson an obair a bh' aig [name]. Chan fhaca mi esan fhathast. Uill cha robh mi ach [unintel.] *really*, tha mi an seo seachdain.

CM: *Oh, right.*

MF: Agus bidh mi a' coimhead air an t-side a h-uile samhradh is bidh mi a' smaoinichadh rium fhèin, cha b' urrainn dha m' athair a' mhòine a thoirt – a thiormachadh. Cha b' urrainn dhuinn fheur thiormachadh. Cha b' urrainn dhuinn an obair a dhèanamh.

CM: Cha b' urrainn.

MF: Anns an aon dòigh.

CM: *No, no.* Cha b' urrainn.

MF: A bheil sibh fhèin den aon -?

CM: Oh tha. Oh, *no, no.* Cha b' urrainn dhut – Nuair a tha thu ag obair leis a' mhòine agus an fheur, fheumadh tu a thoirt a-staigh an sin agus a thiormachadh ri taobh an teine.

MF: {00:44:00} [laughs] Dh'fheum thu. *I think that's true enough.*

Notes:

1. Have capitalised this because from context I think they're referring to the Bible. -EW